



Glaschubeò™



Get the most out of  
Glasgowlife™



AN GEAMHRADH 2011/12

WINTER 2011/12

# Gabh pàirt, ionnsaich agus dèan subhachas às na h-ealain Ghàidhlig agus à cànan is cultar na Gàidhlig

## Live, learn and celebrate Gaelic language arts and culture

### Celtic Connections

#### Celtic Connections

Tha na ceanglaichean eadar Celtic Connections agus nòsan is buadhan ciùil Gàidhlig a' nochdadh gu soirbheachail a-rithist ann am prògram na bliadhna seo. Tha e ag aithneachadh, chan e a-mhàin a' choimhearsnachd de Ghàidheil tarsainn an t-saoghail ciùil Cheiltich is chruinneil, ach a' gabhail ris gur ann an Glaschu, dachaigh na fèise, a tha an àireamh as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach. Tha buaidh mhòr air a bhith aig a' Cheòl seo air ath-bheothachadh luchd-labhairt na Gàidhlig agus tha an ceangal eadar an ceòl agus an cànan co-cheangailte ann an dòigh nach gabh fhuasgladh.

Celtic Connections' link to Gaelic musical traditions and influences is thriving in this year's programme yet again. It recognises not only the global community of Gaels across the Celtic and world music scene but acknowledges that the home of the festival, Glasgow, is also where the largest concentrated number of Gaelic speakers lives. This music has had a strong impact on the revival of Gaelic speakers and the connection between the music and the language is inextricably linked.

### Ceòl 's Craic

#### Ceòl 's Craic

Tha Ceòl 's Craic air fhaicinn mar mheadhan sòisealta is àrd-ùrlar do chultar co-aimsireil Gàidhlig ann an Glaschu. Thigibh còmhla rinn aig Celtic Connections airson pàirt a ghabhail ann am prògram beòthail a tha a' dèanamh sgrùdadh air diofar thaobhan den aonadh eadar a' Ghàidhlig agus traidiseanan eile an t-saoghail mhòir. Cuiribh eòlas air ealain is cultar na Gàidhlig le Ceòl 's Craic agus gabhaibh tlachd às a' bhìadh mhath a gheibh sibh anns a' Chafaidh Saramander (bargan sònraichte le tiocaid Ceòl 's Craic - 2 chùrsa airson £7.50).

Ceòl 's Craic is the vibrant social hub and platform for contemporary Gaelic culture in Glasgow. Join us during Celtic Connections for a vibrant programme exploring aspects of fusion between Gaelic and other world traditions. Experience Gaelic arts and culture with Ceòl 's Craic and enjoy some great food at the Saramander Cafe (special deal with Ceòl 's Craic ticket - 2 courses for £7.50).

Faic a-staigh airson prògram Ceòl 's Craic aig Celtic Connections!  
See inside for Ceòl 's Craic Celtic Connections programme!

### Mòr-lonad Gàidhlig – 20 Faoilleach - 4 Gearran

#### Gaelic Hub – 20 January - 4 February

Bidh dachaigh Ceòl 's Craic, Ionad nan Ealan Cho-aimsireil (CCA), a' toirt aogheachd do shreath de fhiolmaichean, òraidean agus de bhùithtean-obrach fad àm na fèise, a' coimhead ri ealain Ghàidhlig, eachdraidh agus sàr-smointean. Sa bhàr shuas an staidhre, bidh seiseanan ciùil anmoch le blas Gàidhlig agus làrach fiosrachaidh gach latha mu sheirbheisean is mu bhuidhnean Gàidhlig air feadh a' bhaile.

Thoiribh sùil air [www.celticconnections.com](http://www.celticconnections.com) no tadhailibh anns an CCA, 350 Sràid Sauchiehall, Deasg Fiosrachaidh Gàidhlig - fosgailte 2 - 4f Dimàirt, Diardaoin, Dihaoine.

The home of Ceòl 's Craic, The Centre for Contemporary Arts (CCA), will host a series of films, lectures and workshops throughout the festival looking at Gaelic arts, history and inspirations. In the upstairs bar there will be late night music sessions with a Gaelic twist and a daily information portal on all Gaelic services and organisations in the city. See [www.celticconnections.com](http://www.celticconnections.com) or just pop down to CCA, 350 Sauchiehall Street, Gaelic Information Desk - open 2 - 4pm Tuesday, Thursday, Friday.



## Prògram Celtic Connections (Tachartasan Gàidhlig) Celtic Connections Programme (Gaelic Events)



### Cuairt nan Eilean

Dihaoine 20 Faoilleach 7.30f,  
Talla Naoimh Anndra sa Cheàrnag

### An Aifreann Ghàidhlig

Disathairne 21 Faoilleach 7.30f,  
Àrd-Eaglais Naoimh Moire

### Spioradan Traidiseanta

#### Ailie Robasdan agus Gráinne Holland

Disathairne 21 Faoilleach 8.00f,  
Taigh-cluiche an Tron

### Empreintes agus Cruinn

Didòmhnaich 22 Faoilleach 7.30f,  
Talla Naoimh Anndra sa Cheàrnag

### Cearcall Òrain Ghàidhlig le Gillebrìde MacIllemaoill, Norrie MacIomhair agus Alasdair MacIlleBhàin

Diciadain 25 Faoilleach 8.00f,  
Club Ealain Ghlaschu

### Cruinneachadh a' Chaiptein

Diciadain 25 Faoilleach 8.00f,  
Taigh-cluiche an Tron

### Cruinneachadh a' Chaiptein

Diardaoin 26 Faoilleach 8.00f,  
Taigh-cluiche an Tron

### Julie Fowlis "Heisgeir" agus Cnoc Feàrna

Dihaoine 27 Faoilleach 7.30f,  
Leabharlann a' Mhitchell

### Bùithtean-obrach Celtic Connections - thigibh & feuchaibh air Seinn Gàidhlig le Darren MacIlleathain

Disathairne 28 Faoilleach 11.00m,  
Talla Rìoghail Ghlaschu

### Bùithtean-obrach Celtic Connections - òrain Gàidhlig le Darren MacIlleathain

Disathairne 28 Faoilleach 1.30f,  
Talla Rìoghail Ghlaschu

### Mànran agus Tarras

Didòmhnaich 29 Faoilleach 7.30f,  
Òran Mòr

### Genticorum agus Ceòl-triùir Maggie NicAonghais

Diciadain 1 Gearran 8f,  
Talla Rìoghail Ghlaschu

### Ceòlas

Disathairne 4 Gearran 8f,  
Talla Rìoghail Ghlaschu

### Cuairt nan Eilean

Fri 20 Jan 7.30pm,  
St Andrew's in the Square

### The Gaelic Mass

Sat 21 Jan 7.30pm,  
St Mary's Cathedral

### Ailie Robertson's Traditional Spirits and Gráinne Holland

Sat 21 Jan 8.00pm,  
Tron Theatre

### Empreintes and Cruinn

Sun 22 Jan 7.30pm,  
St Andrew's in the Square

### Gaelic Song Circle with Gillebrìde MacIllemaoill, Norrie MacIver and Alasdair Whyte

Wed 25 Jan 8.00pm,  
Glasgow Art Club

### The Captain's Collection

Wed 25 Jan 8.00pm,  
Tron Theatre

### The Captain's Collection

Thurs 26 Jan 8.00pm,  
Tron Theatre

### Julie Fowlis "Heisgeir" and Fernhill

Fri 27 Jan 7.30pm,  
The Mitchell Library

### Celtic Connections Workshops come & try Gaelic Singing with Darren MacLean

Sat 28 Jan 11.00am,  
Glasgow Royal Concert Hall

### Celtic Connections Workshops Gaelic Song with Darren MacLean

Sat 28 Jan 1.30pm,  
Glasgow Royal Concert Hall

### Mànran and Tarras

Sun 29 Jan 7.30pm,  
Oran Mòr

### Genticorum and The Maggie MacInnes Trio

Wed 1 Feb 8.00pm,  
Glasgow Royal Concert Hall

### Ceòlas

Sat 4 Feb 8.00pm,  
Glasgow Royal Concert Hall

## Dràma Gàidhlig

### Gaelic Drama

Tha Ro-Innleachd nan Ealan Ghàidhlig aig Glaschu Beò a' toirt prìomhachas do leasachadh Dràma Gàidhlig sa bhaile, ag obair còmhla ri com-pàirtichean nàiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil guthan Gàidhlig gan cluinntinn anns na taighean-cluiche againn, sna sgoiltean agus na coimhearsnachdan, agus tha sinn air cuimseachadh air Dràma Gàidhlig airson an eagrain seo de Litir-aidheachd Glaschu Beò.

Glasgow Life's Gaelic Arts Strategy prioritises the development of Gaelic Drama in the city working with national partners to ensure that Gaelic voices are heard in our theatres, schools and communities and for this edition of Glasgow Life's Newsletter we have shone the light on Gaelic Drama.

### Ìomhaigh Profile

#### Caitriona Lexy Chaimbeul

Com-pàirtiche Gàidhlig, Theatar Nàiseanta na h-Alba

#### Catriona Lexy Campbell

Gaelic, Associate National Theatre of Scotland

### Innis dhuinn beagan mud dheidhinn fhèin agus Gàidhlig Tells us a little bit about yourself and Gaelic

Tha mi air a bhith ag obair an lùib na Gàidhlig fad mo bheatha mar chleasaiche, sgrìobhaiche agus neach-teagaisg agus chaidh m' fhadadh o chionn ghoirid mar Chom-pàirtiche Ealain Gàidhlig aig NTS. Tha Gàidhlig agam bho dhùthchas agus tha mi à Eilean Leòdhais agus tha mi dìoghrasach mun chànan, mun chultar agus mu eachdraidh nan Gàidheal.

I've been working in Gaelic all my life, as an actor, writer and teacher and I have recently been appointed as the NTS's Gaelic Associate Artist. I am a native speaker from the Isle of Lewis and I'm very passionate about the language, culture and history of the Gaels.

### Dè an t-àite a th' aig Dràma Gàidhlig ann an ath- bheothachadh a' chànan

#### What role does Gaelic Drama have in the revival of the Language

Tha dràma Gàidhlig aig fìor theis-meadhain ath-bheothachadh a' chànan? Is e aon de na beagan àrainneachdan far am faod luchd-ionnsachaidh de gach aois iad fhèin a bhogadh sa chànan agus far am bi cothrom aca an cànan a chleachdadh ann an dòigh chruthachail is shùbailte.

Gaelic drama is absolutely central to the revival of the language? It is one of the few environments where learners of all ages can immerse themselves in the language and where they can experience using it creatively and flexibly.

Tha Theatar Nàiseanta na h-Alba a' cur air adhart sreath de bhùithtean-obrach, a bhios fosgailte do gach aois is ìre sgìlean, ann an co-bhonn le Calum's Road, gus an àireamh a mheudachadh de bhuidhnean theatar neo-phroifeiseanta a tha ag obair ann an Gàidhlig. Cuiribh fios gu: 0141 221 0970 no post-d gu [CatrionaLexy.Campbell@nationaltheatrescotland.com](mailto:CatrionaLexy.Campbell@nationaltheatrescotland.com).

National Theatre of Scotland is hosting a series of workshops, open to all ages and skill levels, in conjunction with Calum's Road, to increase the number of non-professional theatre groups working in Gaelic. Contact: 0141 221 0970 or email [CatrionaLexy.Campbell@nationaltheatrescotland.com](mailto:CatrionaLexy.Campbell@nationaltheatrescotland.com).



## Pròiseactan Dràma Glaschu Beò

### Glasgow Life Drama Projects

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu: Rona NicDhòmhnaill, Oifigear Leasachaidh nan Ealan Ghàidhlig, Glaschu Beò, 0141 287 8967  
rona.macdonald@glasgowlife.org.uk

For further information contact: Rona MacDonald, Gaelic Arts Development Officer, Glasgow Life, 0141 287 8967 rona.macdonald@glasgowlife.org.uk

### Fòram Theatar Forum Theatre



Tha Companaidh Theatar Birds of Paradise agus Com-pàirtiche Gàidhlig an Theatar Nàiseanta ag obair le sgoilearan ÀS3 agus ÀS6 ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, a' cleachdadh gheamannan dràma cruthachail is eacarsaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air smuaintean is draghan dheugairean Gàidhlig ann an Glaschu an latha an-diugh.

Birds of Paradise Theatre Company and the National Theatre of Scotland's Gaelic Associate are working with S3 and S6 pupils at Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, using creative drama games and exercises to explore the thoughts and concerns of teenage Gaelic speakers in Glasgow today.

### Dràma aig Ceòl 's Craic

#### Drama aig Ceòl 's Craic

Aon de na h-àiteachan a-mhàin ann an Alba a tha a' taisbeanadh tàlant phroifeiseanta Dràma Gàidhlig. Aig Ceòl 's Craic, bidh cleasaichean is sgrìobhaichean a' tighinn còmhla gus an obair leasachaidh aca a chroinn. Coimheadaibh a-mach airson taisbeanaidhean àrd-ùrlair bho Carina NicLeòid, Màiri Mhoireasdan, Mairead Mhàrtainn agus Daibhidh Walker.

Tachartasan san amharc aig 6.30f air 26-28 Faoilleach; 25 Gearran agus 30-31 Màirt.

One of the only places in Scotland to showcase professional Gaelic Drama talent. During Ceòl 's Craic, actors and writers come together to share their work-in-development. Look out for performances from Carina MacLeod; Màiri Morrison; Mairead Martin; and Daibhidh Walker. Next events at 6.30pm 26-28 January; 25 February and 30-31 March.

### Fòram Dràma Gàidhlig Ghlaschu

#### Glasgow Gaelic Drama Forum

Chaidh Fòram Dràma Gàidhlig Ghlaschu a chur air bhonn mar phàirt de Phlana nan Ealan Ghàidhlig aig Glaschu Beò, airson taic a chur agus cothrom air Dràma Gàidhlig a mheudachadh. Mar lìonra do luchd-ùidh uile ann an Glaschu agus gu nàiseanta a tha an sàs ann an leasachadh Dràma Gàidhlig, tha iad fosgailte do bhuidhnean uile agus do dhaoine fa leth le ùidh.

The Glasgow Gaelic Drama Forum has been set up as part of Glasgow Life's Gaelic Arts Plan to support and increase access to Gaelic Drama. A network for all stakeholders in Glasgow and nationally who are developing Gaelic Drama, they are open to all interested agencies and individuals.

### Casan Ceòlach

#### Casan Ceòlach

'S e buidheann dràma a th' ann an Casan Ceòlach do chloinn aois 8-16 a bhios a' coinneachadh ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a h-uile Diluain bho 6.30 - 8f. Bidh a' bhuidheann a' cuimseachadh air iomairtean ciùil is coileanaidhean eile le raon fharsaing de dh'aoisean, a' cur daoine òga bho ÀS2 air an àrd-ùrlar còmhla ri clann bho P3. A' leantainn air an obair shoirbheachail le An Leabhar Seunta, coileanadh ciùil ùr-nodha Gàidhlig le measgachadh de dh'òrain pop agus an cànan Gàidhlig, tha iad ag obair a dh'ionnsaigh an ath choileanadh aca air 14 Ògmhios 2012.

Casan Ceòlach is a drama group for children aged 8-16 which meets at Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu each Monday from 6.30 - 8pm. The group focuses on musicals and works with a wide range of ages, getting kids from S2 on stage with kids from P3. Following their successful production of An Leabhar Seunta, a brand new Gaelic musical with a mix of pop songs and Gaelic language, they are working towards their next performance on 14 June 2012.

### Ro-Innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig (NGAS)

#### National Gaelic Arts Strategy (NGAS)

Choinnich Fòram Comhairleachaidh Ro-Innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig o chionn ghoirid ri riochdairean bhon roinn dràma Gàidhlig (a' gabhail a-steach Glaschu Beò) gus dèanamh cinnteach gu bheil an co-theacs agus an ro-innleachd iomchaidh airson leasachadh san àm ri teachd, stèidhichte aig Planadh Dràma Gàidhlig. Tha Fòram Comhairleachaidh NGAS air a dhèanamh suas le: Bòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, MG/BBC ALBA, COSLA. <http://www.ealainghaidhlig.com/mu-dheidhinn--about.html>

The National Gaelic Arts Strategy Advisory Forum recently met with representatives of the Gaelic drama sector (including Glasgow Life) to ensure that Gaelic Drama Planning has the appropriate context and strategy in place to develop into the future. The NGAS Advisory Forum consists of: Bòrd na Gàidhlig, Creative Scotland, Highlands & Islands Enterprise, MG/BBC ALBA, COSLA.

<http://www.ealainghaidhlig.com/mu-dheidhinn--about.html>





## Tha Glaschu beò le ionnsachadh na Gàidhlig!

### Glasgow's alive with Gaelic learning!

Ma tha thu a-riamh air a bhith airson Gàidhlig ionnsachadh no feabhas a thoirt air do sgilean Gàidhlig, 's e Glaschu an t-àite as còir a bhith. Tha raon de chlasaichean Gàidhlig ann an Glaschu a tha freagarrach do dhiofar ìrean ùidh is sgilean, stoidhlichean ionnsachaidh agus an t-àm a tha aig daoine.

If you have ever wanted to learn Gaelic or to improve your Gaelic language skills, then Glasgow is the place to be. Glasgow has a range of Gaelic language classes to suit different interest and skill levels, learning styles and people's availability.



### Glaschu Beò Glasgow Life

Bidh Glaschu Beò ag obair còmhla ri Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus le buidhnean Gàidhlig eile gus taghadh de chlasaichean, chùrsaichean is thachartasan a sholarachadh do dh'ìnbhich, phàrantan, chlann agus theaghlaichean gus an sgilean cànanain Gàidhlig a leasachadh. Nam bu mhath leibh fiosrachadh mu aon sam bith de na seiseanan / tachartasan air an liostadh gu h-ìosal, cuiribh fios gu: Glaschu Beò – Coimhearsnachdan (Iar Thuath), fòn: 0141 276 1525 no thoiribh sùil air làrach-lìn Ghlaschu Beò: [www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo](http://www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo). Glasgow Life works with the Sgoil Gaidhlig Ghlaschu and Gaelic organisations to provide a range of classes, courses and events for adults, parents, children and families to develop their Gaelic language skills. If you would like any information on any of the sessions/events listed below please contact: Glasgow Life – Communities (North West), telephone: 0141 276 1525 or check out the Glasgow Life website: [www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo](http://www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo).

### Clasaichean Cànanain Gàidhlig Gaelic Language Classes

Còig ìrean de chlasaichean rim faotainn: Fìor luchd-tòiseachaidh, Toiseach-tòiseachaidh Gàidhlig 1, Toiseach-tòiseachaidh Gàidhlig 2, Eadar-mheadhanach 1 agus Adhartach. Five level of classes available: Absolute beginners, Introduction to Gaelic 1, Introduction to Gaelic 2, Intermediate 1 and Advanced.

### Clasaichean Còmhraidh Conversation Classes

Clasaichean còmhraidh an-asgaidh do gach ìre de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Free conversation classes for all levels of Gaelic speakers.

### Clasaichean Phàrantan Parents' Classes

Cùrsa sia seachdainean an-asgaidh ag amas air pàrantan sgoilearan P1. A free six week course aimed at parents of P1 pupils.

### Sradagan Sradagan

Fealla-dhà is geamannan ann an Gàidhlig do sgoilearan bun-sgoile air feadh na bliadhna sgoile. Fun and games in Gaelic for primary school pupils throughout the school year.

### Buidheann Ionnsachaidh Teaghlaich Family Learning Group

Cluiche le stiùireadh do chloinn ann an dà bhuidheann-aoise, 3-5 agus 5-11, agus clasaichean cànanain Gàidhlig do phàrantan (agus sean-phàrantan, uncailean, antaidhean is eile). Supervised play for children in two age-groups, 3-5 and 5-11 and Gaelic language classes for parents (and grandparents, uncles, aunts etc).

### Clasaichean Phàrantan Sgoil-àraich Nursery Parents Classes

Bidh clasaichean Cànanain Gàidhlig do phàrantan air an liubhairt tron latha sna Sgoiltean-àraich a leanas: Rowena, Lyoncross, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Daytime Gaelic Language classes for parents will be delivered in the following Nurseries: Rowena, Lyoncross, Sgoil Gaidhlig Ghlaschu.

Tha raon fharsaing de ghniomhachdan ealain againn cuideachd do dhaoine òga – thoiribh sùil air làrach-lìn Glaschu Beò! We also have a wide range of arts activities for young people – check out the Glasgow Life website!





## Agallamh le Neach-ionnsachaidh Gàidhlig – Morag Connor Interview with a Gaelic Learner – Morag Connor

### Carson a chuir thu romhad Gàidhlig ionnsachadh?

#### Why did you decide to learn Gaelic?

Tha seo do-chreidsinneach ach cha robh fios agam gun robh cànan dùthchasach ann an Alba gus an do dh'fhàg mi an sgoil. Bha a' chiad obair agam ann an Dùn Èideann (1983) agus bha beagan dhaoine ag obair an sin aig an robh Gàidhlig bho dhùthchas. Bha mi air mo bheò-ghlacadh gus tuilleadh fhaighinn a-mach mun chànan seo, agus cha do shearg m' ùidh a-riamh às dèidh sin.

Timcheall air 20 bliadhna às dèidh sin, chuala mi mun sgoil Ghàidhlig ann an Glaschu agus cho-dhùin mi nam biodh clann agam gu bràth gum bithinn airson an cur an sin. Bha mi a' smaoineachadh gur e cothrom mìorbhaileach a bh' ann airson na Gàidhlig ionnsachadh agus fileantachd fhaotainn aig aois òg. Nuair a bha clann agam, chlàr mi an dithis aca san sgoil-àraich agus a-nis tha iad le chèile a' frithealadh na bun-sgoile Ghàidhlig ann an Glaschu.

It sounds crazy but I didn't know there was a native Scottish language until I left school. My first job was in Edinburgh (1983) and there were a few people who worked there that were native Gaelic speakers. I was fascinated to find out more about this language, and I never really stopped being fascinated after that.

Some (about 20) years later I heard of the Gaelic school in Glasgow and decided that if I ever had children I would want to send them there. I thought it was a fantastic opportunity to learn Gaelic and achieve fluency at an early age. When I did have children I enrolled them both in Gaelic nursery and they both now attend the Gaelic primary school in Glasgow.

### Innis dhuinn mu dheidhinn na thachair fhad 's a bha thu ag ionnsachadh?

#### Tell us about your learning experiences

Bho thòisich iad san sgoil-àraich, tha mi air a bhith a' frithealadh chlasaichean còmhraidh is chlasaichean oidhche airson beagan bhliadhnaichean. Aon uair 's gun deach Fearghas, an dàrna mac agam don sgoil, chlàr mi aig Colaiste Stow airson Gàidhlig Àrd-Ìre a shuidhe agus chuir mi crìoch air sa Chèitean 2011. Bha na clasaichean còmhraidh a fhrithheil mi mus deach mi gu Stow air stòr-fhacail math bunaiteach a thoirt dhomh agus bha sin feumail dhomh nuair a bha mi ag ionnsachadh aig Àrd-Ìre. Fhuair mi mòr-thlachd às a' chùrsa aig Stow. Tha Iseabail Mhoireach, an neach-teagaisg an sin, dìreach mìorbhaileach. Chan e a-mhàin gun do chuir e feabhas air mo chuid Gàidhlig ach thug e dhomh na sgilean airson Gàidhlig a leughadh 's a sgrìobhadh, a bha a' ciallachadh gum b' urrainn dhomh taic iomlan a thoirt do mo dhithis mhac le an obair-dachaigh, oir roimhe sin bha agam ri cuideachadh fhaighinn.

'S e an ath cheum dhomh, buidheann còmhraidh tron latha a lorg aig an ìre agam, gus nach caill mi na dh'ionnsaich mi.



When my sons started nursery I attended Glasgow Life conversation and night classes for a few years. Once my second boy, Fergus, went to school I enrolled at Stow College to do Higher Gaelic, which I completed in May 2011. The conversation classes I attended prior to Stow had given me a good basic vocabulary and stood me in good stead when learning the Higher. I absolutely loved the course at Stow. Ishbel Murray, the tutor there, is fantastic. Not only did it improve my Gaelic but it gave me the skills to read and write Gaelic that meant I could support my sons with their homework fully, as in the past I had to get help.

My next steps are to find a daytime conversation group at my level so that I don't lose all that I have learned.

### Dè a' chomhairle a bheireadh tu air neach sam bith ag ionnsachadh na Gàidhlig?

#### What advice would you give anyone learning Gaelic?

Tha mòran chothroman ann airson Gàidhlig ionnsachadh agus ma tha sibh ag ionnsachadh, gabhaibh a h-uile cothrom air Gàidhlig a chleachdadh no caillidh sibh i gu cinnteach! Na biodh eagal oirbh a cleachdadh le ur cuid chloinne, oir glè thric bidh sinn ag ràdh an aon rud a-rithist agus a-rithist agus chan eil nì coltach ri ath-aithris airson ionnsachadh!

There are lots of opportunities to learn Gaelic and if you are learning, take every opportunity to use it or you really do lose it! Don't be afraid to practise with your children as often we say the same things over and over again so there's nothing like repetition to help it sink in!



## Tha Glaschu beò le ionnsachadh na Gàidhlig!

Glasgow's alive with Gaelic learning!

### Oilthigh Ghlaschu

The University of Glasgow



#### Prògraman Ionnsachaidh Gàidhlig do dh'Inbhidh

##### Gaelic Adult Learning Programmes

Tha Oilthigh Ghlaschu a' tairgsinn chlasaichean gach seachdain agus Cùrsa Gàidhlig nas dèine bho Ulpan.

Cuiribh fios gu: 0141 330 1835. Post-d: dace-query@educ.gla.ac.uk. Làrach-lìn: www.gla.ac.uk/dace.

The University of Glasgow offers weekly classes and more intensive Ulpan Gaelic courses.

Contact: 0141 330 1835. Email: dace-query@educ.gla.ac.uk. Website: www.gla.ac.uk/dace.

#### Prògraman Gàidhlig iar-cheumnachaidh is for-cheumnachaidh [14pt]

##### Undergraduate and postgraduate Gaelic programmes

Freagarrach do: fìor luchd-tòiseachaidh, luchd-ionnsachaidh eadar-mheadhanach, luchd-ionnsachaidh adhartach agus fileantaich sa chànan bho dhùthchas.

Cuiribh fios gu: Fiona Dunn, Oifigear na Gàidhlig: Fiona.Dunn@glasgow.ac.uk no 0141 330 8505 no www.glasgow.ac.uk/gaelic.

Suitable for: complete beginners, intermediate learners, advanced learners and native speakers of the language.

Contact: Fiona Dunn, Gaelic Language Officer: Fiona.Dunn@glasgow.ac.uk, 0141 330 8505, www.glasgow.ac.uk/gaelic.

### Colaiste Stow

#### Stow College



Tha Colaiste Stow a' solarachadh chùrsaichean SQA do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig Inntreigeadh 3, Eadar-mheadhanach 1, Eadar-mheadhanach 2 agus Àrd-Ìre.

Cuiribh fios gu: Seirbheisean Ionnsachaidh 0844 249 8585, post-d enquiries@stow.ac.uk.

Stow College provides SQA Gaelic learners courses at Access 3, Intermediate 1, Intermediate 2 and Higher.

Contact: Learner Services 0844 249 8585, e-mail enquiries@stow.ac.uk.

### Sgeama Còmhnaidheachd na Gàidhlig (iomhaighean)

#### Gaelic Language Residency Scheme



### An t-Oilthigh Fosgailte

#### Open University

Gàidhlig ann an Alba an latha an-diugh - [www.open.ac.uk/openlearn/gaelic](http://www.open.ac.uk/openlearn/gaelic)

Gaelic in modern Scotland - [www.open.ac.uk/openlearn/gaelic](http://www.open.ac.uk/openlearn/gaelic)

Tha Gàidhlig ann an Alba an latha an-diugh a' coimhead ri tùsan, raon cruinn-eòlais, buaidh, buannachdan agus taobhan cultarach na Gàidhlig. Tha e ri fhaotainn mar ghoireas ionnsachaidh neo-eisimeileach a ghabhas ìos-lodadh agus atharrachadh gu bhith freagarrach do na feumalachdan proifeiseanta is foghlaim agaibh fhèin. Chaidh an goireas an-asgaidh seo a chruthachadh gus daoine a mhisneachadh gu bhith ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh. Tha timcheall air 15 uairean a thìde de ionnsachadh sa ghoireas seo ach faodar an t-susbaint inntreigeadh cuideachd ann an earrannan fa leth. Tha e sgrìobhte aig ìre inntreigidh HE (SCQF 7) ach fosgailte do neach sam bith.

Gaelic in modern Scotland looks at the origins, geographical reach, impact, benefits and cultural aspects of Gaelic. It is available as a stand-alone learning resource which also has the facility to be downloaded and customised to suit your own professional and educational requirements. This free resource was created to encourage people to want to learn Gaelic. The learning resource is approximately 15 study hours but the content can also be accessed in individual sections. It is written at HE entry level (SCQF 7) but accessible to anyone.

### Ulpan – Fàs Gàidhlig ann an Glaschu

#### Ùlpan - Growing Gaelic in Glasgow

Thar nam mìosan a tha romhainn, bidh buill Sgioba Ulpan a tha ùr-stèidhichte ann an Glaschu, Rhona NicDhùghaill agus Àdhamh Ó Broin, a' cuideachadh le Gàidhlig fhàs sa bhaile. Tha Ulpan a' solarachadh trèanaidh dhaibhsan aig a bheil ùidh ann a bhith nan taoitear Gàidhlig agus ag obair còmhla ri solaraichean chùrsaichean gus cothroman ionnsachaidh a chruthachadh do dhaoine le ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig. Tha cùrsaichean trèanaidh thaoitearan air am planadh do Ghlaschu sa Ghearran, agus faodaidh neach sam bith le ùidh fios a chur gu Rhona air rhona.nicd@ulpan.co.uk. Bidh clasaichean ùra Ulpan a' tòiseachadh cuideachd do luchd-tòiseachaidh agus luchd-feabhais – lorgaibh sinn air facebook, no thoiribh sùil air an làraich-lìn againn: [www.ulpan.co.uk](http://www.ulpan.co.uk).

Over the coming months, new Glasgow-based members of the Ulpan Team, Rhona NicDhùghaill and Àdhamh Ó Broin, will be helping to grow Gaelic in the city. Ulpan provides training to those interested in becoming a Gaelic tutor and also works with course providers to create learning opportunities for people with an interest in learning Gaelic. Tutor training courses are planned for Glasgow in February, and anyone with an interest can contact Rhona on [rhona.nicd@ulpan.co.uk](mailto:rhona.nicd@ulpan.co.uk). There will also be new Ulpan classes starting for beginners and improvers – find us on facebook, or take a look at our website: [www.ulpan.co.uk](http://www.ulpan.co.uk).

### Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu – Sgoil Choimhearsnachd

#### Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu – Sgoil Choimhearsnachd

Thoiribh sùil air duilleag-lìn Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu <http://www.glaschu.org/> airson na sreath ùr de bhlasad chuspairean brosnachail a thòisicheas san Fhaoilleach.

Leanaibh iad air Facebook - <http://www.facebook.com/iomairtghlaschu> no fònaibh gu 0141 339 2022 airson tuilleadh fiosrachaidh.

Look on Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu's web page <http://www.glaschu.org/> for the new series of exciting taster subjects that will commence in January.

Follow them on Facebook - <http://www.facebook.com/iomairtghlaschu> or telephone 0141 339 2022 for more information.

Tha Oilthigh Ghlaschu a' stèidheachadh àite mar phrìomh stiùir san t-saoghal ann an adhartachadh Gàidhlig na h-Alba tro iomairt àite-fuirich do dh'oileanaich le Gàidhlig. Tha Taigh na Gàidhlig, a-nis san treas bliadhna, a' solarachadh àite-fuirich co-roinnte do luchd-labhairt na Gàidhlig le amas air àrainneachd a chruthachadh far a bheil an cànan ga chleachdadh gu làitheil taobh a-muigh an t-seòmair teagaisg. Tha am flat cuideachd mar ionad sòisealta neo-fhoirmeil do dh'oileanaich le Gàidhlig agus le dleastanas taic ann am pròiseactan cànan air feadh an oilthighe. Ma tha sibh airson tuilleadh fhaighinn a-mach mu Thaigh na Gàidhlig, leanaidh na h-oileanaich air Twitter ([twitter.com/taighnagaidhlig](https://twitter.com/taighnagaidhlig)) no Facebook.

Glasgow University is securing its place as a world leader in promoting Scottish Gaelic with an accommodation initiative for Gaelic-speaking students. Taigh na Gàidhlig ('the Gaelic House'), now in its third year, provides shared accommodation to Gaelic speakers with the aim of creating an environment where the language is used day-to-day outside the classroom. The flat also acts as an informal social hub for Gaelic-speaking students and has a supportive role to play in language projects throughout the university. If you are interested in finding out more about Taigh na Gàidhlig, follow the students on Twitter ([twitter.com/taighnagaidhlig](https://twitter.com/taighnagaidhlig)) or Facebook.



## Coinneachadh Gàidhlig Ghlaschu

### Glasgow's Gaelic Meet-up

'S e buidheann saor-thoileach a th' ann an Coinneachadh Gàidhlig Ghlaschu. Chuireadh a' bhuidheann air chois san t-samhradh 2009, ag eagrachadh àiteachan sa bhaile do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig airson coinneachadh agus an cuid Gàidhlig a chleachdadh. Bliadhna às dèidh sin, thòisich a' bhuidheann air clasaichean còmhraidh don choimhearsnachd le beagan taic maoineachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig.

Cuiribh fios thugainn air: Fòn: 0844 586 8901,  
Post-d: fios@gaelicglasgow.org.uk, Làrach-lìn: www.gaelicglasgow.org.uk,  
Facebook: http://www.facebook.com/gaelic.glasgow,  
Twitter: GaelicGlasgow.

Glasgow's Gaelic Meetup is a voluntary group. The group started up in the summer of 2009 organising places for Gaelic learners to meet and practice their Gaelic in the city. A year later, the group started conversation classes for the community with some funding support from Bòrd na Gàidhlig.

Contact us: Tel: 0844 586 8901, Email: fios@gaelicglasgow.org.uk,  
Web: www.gaelicglasgow.org.uk, Facebook: http://www.facebook.com/gaelic.glasgow, Twitter: GaelicGlasgow.

## Buidheann Leabhraichean Gàidhlig Ghlaschu

### Glasgow Gaelic Book Group

Tha sinn ag amas air buill a bhrosnachadh gus barrachd leabhraichean a leughadh agus cothrom a sholarachadh dhaibh na leabhraichean a dheasbad ann an suidheachadh neo-fhoirmeil. Tha sinn a' tairginn a' chothroim do dhaoine de gach aois, aig a bheil ùidh ann an leabhraichean, a thighinn còmhla uair sa mhìos gus deasbad ann an Gàidhlig mu na leabhraichean a tha iad air a leughadh – sgeulachdan romansach, gaoir-sgeulachdan, eachdraidh-beatha no rud sam bith eile! Airson tuilleadh fhaighinn a-mach fios gu: Comhairle nan Leabhraichean air 0141 337 6211, mairim@gaelicbooks.net.

We aim to encourage members to read more books, and provide an opportunity to discuss them informally. We offer people of all ages who have an interest in books the chance to come together on a monthly basis to discuss, in Gaelic, the books they have read – romances, thrillers, biographies or anything else! For more information contact: The Gaelic Books Council, 0141 337 6211 or mairim@gaelicbooks.net.

## Aifreann Ghàidhlig

### Gaelic Mass

Chaidh Aifreann Ghàidhlig glè shònraichte a chumail ann an Àrd-Eaglais Naoimh Anndra ann an Glaschu san t-Sultain, a' chiad aifreann Ghàidhlig a chaidh a chumail san Àrd-Eaglais bho 's cuimhne le daoine. B' e am Monsigneur Seumas MacNèill, rianaire Àrd-Eagalais an Naoimh Cholm Cille san Òban, a bha an ceann na h-aifrinn às leth na sgoile Ghàidhlig ann an Glaschu agus bha àireamh mhath de sgoilearan bhon sgoil an làthair, a thuilleadh air am pàrantan agus an caraidean.

Dh'èirich am beachd-smuain mun Aifreann a-mach à obair thrìuir mhàthraichean sgoilearan (Caitriona Scullion, Mòrag Connor agus Muireann Kelly) a tha a' ruith clas creideamh Caitligeach às dèidh na sgoile do na sgoilearan. Thuirt Caitriona, "Mar mhàthraichean, tha sinn a' faireachdainn gu bheil e cudromach do ar cuid chloinne a bhith a' fàs nan tuigse agus nan gràdh don chreideamh. Airson



an adhbhair sin, chuir sinn an clas seo às dèidh na sgoile air bhonn agus tha àireamhan matha air a bhith a' frithealadh".

St Andrew's Cathedral in Glasgow hosted a very special Gaelic Mass in September, the first in the Cathedral in living memory. The Mass was celebrated by Mgr James MacNeil, the administrator of St Columba's Cathedral in Oban, for Sgoil Gaidhlig Ghlaschu and was well attended by pupils from the school as well as many of their parents and friends.

The idea for the Mass arose out of the work of three mothers (Caitriona Scullion, Morag Connor and Muireann Kelly) of school pupils who run a Catholic RE class after school for pupils. Caitriona said "As mothers, we feel it is important for our children to grow in their understanding and love of the faith. For that reason, we started up the after school and the response has been very good".

## Tachartasan san amharc:

### Farpais-cheist Ghàidhlig Taigh-seinnse Ghlaschu

An treas Diciadain de gach mìos aig 7f ann an Taigh-seinnse na Pàirce, Sràid Earra-Ghàidheal.

### Leasanan Gàidhlig do Fhìor Luchd-tòiseachaidh

Pàirt-maoinichte le Bòrd na Gàidhlig. An Diciadain deireannach sa mhìos aig 7f ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

### Clasaichean Còmhraidh Gàidhlig Ghlaschu

Do luchd-tòiseachaidh na Gàidhlig is eadar-mheadhanaich. Pàirt-maoinichte le Bòrd na Gàidhlig. An Diciadain deireannach sa mhìos aig 7f ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

### Cothrom Còmhraidh:

### Ag Amas air Fileantachd do Luchd-ionnsachaidh Adhartach

Pàirt-maoinichte le Bòrd na Gàidhlig. An Diciadain deireannach sa mhìos aig 7f ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

## Forthcoming events:

### Glasgow's Gaelic Pub Quiz

Third Wednesday of every month at 7pm in the Park Bar, Argyle Street.

### Scottish Gaelic Lessons for Complete Beginners

(Part funded by BnaG)

Last Wednesday every month at 7pm in Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

### Glasgow's Gaelic Conversation Classes

For beginners and intermediate-level learners. (Part funded by BnaG)

Last Wednesday every Month at 7pm in Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

### Cothrom Còmhraidh:

### Aiming for Fluency for Advanced Learners

(Part funded by BnaG)

Last Wednesday of every Month at 7pm in Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.





## Aidh Sgrìobh! – Gnìomhachdan Gàidhlig

### Aye Write! – Gaelic activities

Bidh an fhèis leabhraichean seo, a tha fìor shoirbheachail, a' ruith bho 9-17 Màirt 2012 ann an Leabharlann a' Mhitchell. Tha am prògram ga leasachadh gu làithreach agus bidh e a' gabhail a-steach raon fharsaing de dh'ùghdaran is ghnìomhachdan, le Gàidhlig nam measg, a bhios freagarrach do gach aois is roghainn.

Cumaibh sùil air làrach-lìn Aidh Sgrìobh! <http://www.ayewrite.com/> airson fiosrachadh às ùr.

This hugely successful book festival runs from 9-17 March 2012 in The Mitchell Library. The programme is currently being developed but will include a wide range of authors and activities, including Gaelic, to suit all ages and tastes. Keep an eye on the Aye Write! website for updates <http://www.ayewrite.com/>.



## SCRABBLE GÀIDHLIG

Chaidh tionndadh Gàidhlig de Scrabble mar ghèam coimpiutair fhoillseachadh o chionn beagan sheachdainean. Mar Thùs Fhosgailte, tha e saor 's an-asgaidh do gach neach. Faodar a chluich an aghaidh a' choimpiutair no an aghaidh dhaoine eile air an lìonra. Tha an tionndadh Gàidhlig fo dheuchainn fhathast agus cuiridh an luchd-leasachaidh fàilte air fios-air-ais sam bith a gheibh iad tro fhòram na pròiseict. Lorgaidh sibh an gèam air <http://scrabble.game-server.cc>.

A Gaelic version of Scrabble as a computer game was released a few weeks ago. Being Open Source, it's freely available to everybody. It can be played against the computer or against other people on the network. The Gaelic version is still undergoing testing and the developers welcome any feedback via the project's forum. You can find the game at <http://scrabble.game-server.cc>.

## An t-Ath Eagran

### Next Edition

Tha sinn an dòchas gun do chòrd an t-eagran seo de Ghlaschu Beò ribh – foillseachadh do gach neach le ùidh ann an cànan, ealain is cultar na Gàidhlig. 'S e glòir-mhiann Ghlaschu gum bi coimhearsnachd Ghàidhlig shoirbheachail bheòthail ann a bhios fosgailte do na h-uile, agus tha Glaschu Beò air leth toilichte a bhith comasach cur ris a' ghlòir-mhiann seo. Nam bu mhath leibh fiosrachadh sam bith mu ghnìomhachdan Gàidhlig ann an Glaschu a chur thugainn airson an ath eagrain den litir-naidheachd seo, cuiribh fios thugainn ro 17 Faoilleach 2012 aig: [glasgowlearning@glasgowlife.org.uk](mailto:glasgowlearning@glasgowlife.org.uk) no Ionnsachadh Ghlaschu, Glaschu Beò, 3mh Ùrlar, 20 Trongate, Glaschu, G1 5ES.

Chaidh an litir-naidheachd seo a thoirt gu buil le Glaschu Beò le maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig. Bha am fiosrachadh a th' anns an litir-naidheachd fìor is ceart aig àm foillseachaidh. Airson tuilleadh fiosrachaidh no fiosrachadh às ùr mu ghnìomhachdan Gàidhlig, thoiribh sùil air an làraich-lìn againn <http://www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo> no air làraichean-lìn nam buidhnean eile air an liosta.

We hope you enjoyed this edition of Glaschu Beò – a publication for everyone with an interest in Gaelic language, art and culture. Glasgow's ambition is to have a vibrant, thriving Gaelic community, open to all and Glasgow Life is delighted to be able to contribute to this ambition.

If you would like to contribute any information on Gaelic activities in Glasgow for the next edition of this newsletter, please contact us by 17 January 2012 at: [glasgowlearning@glasgowlife.org.uk](mailto:glasgowlearning@glasgowlife.org.uk) or Glasgow's Learning, Glasgow Life, 3rd Floor, 20 Trongate, Glasgow, G1 5ES.

This newsletter was produced by Glasgow Life with funding from Bord na Gaidhlig. The information it includes was correct at the time of publication. For more information or further updates on Gaelic activities, please look on our website <http://www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo> or the websites of the other organisations listed.